

Cuibhreannachadh Bìdhe

Aig toiseach 1940 thug riaghaltas Bhreatainn a-steach cuibhreannachadh bìdh gus dèanamh cinnteach gum faigheadh a h-uile duine cuibhreann cothromach de bhìadhan a bha a' sìor fhàs gann. Bha Ministreachd a' Bhìdhe an urra ri bhith a' cumail sùil air cuibhreannachadh agus thug iad leabhar cuibhreannachaidh do gach duine, boireannach agus pàiste.

Bha bìadh bunaiteach mar siùcar, feòil, geir, bèicon agus càise air an cuibhreannachadh gu dìreach le cuibhreann de chuponan. Chaidh grunn rudan eile, leithid bìadh ann an tionna, measan tiormaichte, gràn agus briosaidean, a chuibhreannachadh le bhith a' cleachdadh siostam de phuingean. Dh'atharraich an àireamh de phuingean a chaidh a thoirt a rèir ruigsinneachd agus iartas luchd-cleachdaidh. Chaidh

AN ROBH FIOS AGAD?

Cha robh mòran chloinne a bha a' fàs suas aig àm an Dàrna Cogaidh air banana fhaicinn gus an tàinig cuibhreannachadh gu crìch.

cuibhreannan a bharrachd de nithean riatanach leithid bainne agus uighean a thoirt don fheadhainn a b' fheumaiche air, nam measg clann agus màthraichean a bha an dùil ri leanabh.

Bha e cumanta a bhith a' feitheamh airson ùine mhòr gus am bìadh a bha thu ag iarraidh fhaighinn agus gu tric bhiodh daoine a' ruighinn aghaidh na loidhne agus iad a' faighinn a-mach gu robh am bìadh a bha iad ag iarraidh air ruith a-mach. Cha tàinig cuibhreannachadh bìdh gu crìch gu 1954.

Theirig chun an làraich-lìn againn gus filmean fiosrachaidh British Pathé fhaicinn mu chuibhreannachadh agus mu reasabaidhean: poppyscotland.org.uk/veday75/

👤 Gnìomhan

- 1 A' gabhail thairis an t-seòmar-sgoile.** A' cleachdadh sgrìobhainnean agus reasabaidhean Ministrealachd a' Bhìdh mar bhrosnachadh, cruthaich an fhèistean tì-feasgair Latha VE agad fhèin. Smaoinich mu na cuingealachaidhean an cois cuibhreannachadh agus dè dh'fhaodadh a dhol an àite rudan eile gus bìadh blasta a dhèanamh. Mar as cruthachaile a tha sibh, 's ann as fheàrr.
- 2** Dèan cuid dhe na reasabaidhean agaibh fhèin mar chlas no ann am buidhnean gus tì feasgair a dhèanamh sa chlas no airson co-chruinneachadh.



Cladhaich airson Buaidh

Bhon a bha mòran bìdh air a thoirt a-steach a Bhreatainn, bha na soithichean a bha a' giùlan a' bhidhe an-còmhnaidh ann an cunnart bho ionnsaigh bho bhàtaichean-aigeann na Gearmailt. Bha daoine air am brosnachadh gus na measan agus glasraich aca fhèin fhàs anns na gàrraidhean aca a bharrachd air a bhith a' cleachdadh phàircean agus raointean spòrs gus lotaichean a chruthachadh airson glasraich fhàs. Bhiodh daoine cuideachd a' cumail nan cearcan, nam mucan, nan coineanaich agus nan gobhair aca fhèin. Bha seo air ainmeachadh mar an iomairt Cladhaich airson Buaidh no Dig For Victory.


AN ROBH FIOS AGAD?

Stèidhich ceannard Meur Planaichean Àiteachais Ministrealachd a' Bhidhe, an t-Àrd-ollamh John Raeburn, a rugadh ann an Obar Dheathain, an iomairt Cladhaich airson Buaidh.

AN ROBH FIOS AGAD?

Chaidh eadhon na rèidhleanan taobh a-muigh Tùr Lunnainn a thionndadh nam pàircean gus glasraich fhàs.

Chruthaich an iomairt mòran phostairean a' brosnachadh dhaoine gu bhith a' fàs am biadh fhèin leis na caractaran "Dr Carrot" agus "Potato Pete".



Gnìomhan

1 A' gabhail thairis an t-seòmar-sgoile.

Cruthaich an lot agad fhèin anns an raon-cluiche. Càite an cuireadh tu e? A bheil àiteachan le feurach no ùir far am b' urrainn dhut feannagan a dhèanamh gus a' ghlasraich agad fhèin fhàs? Smaoinich air na glasraichean a dh'fhaodadh tu fhàs gus mar a b' urrainn dhut an lot agad a dhealbhadh. Obraich còmhla mar chlas no ann am buidhnean gus a' ghlasraich agad a chur agus gus coimhead às an dèidh fad na bliadhna.

2 Bha iomairt mhargaidheachd air leth soirbheachail aig an iomairt Dig For Victory a bha a' gabhail a-steach postairean, craolaidhean rèidio agus eadhon òrain gus misneachd dhaoine a chumail suas agus am brosnachadh gus na b' urrainn dhaibh fhàs. Dealbaich an iomairt margaidheachd agad fhèin gus daoine a bhrosnachadh gus am biadh fhèin fhàs. Dè na buannachdan a bhiodh ann do dhaoine? Ciamar a bhiodh tu gam brosnachadh? Smaoinich mu bhith a' cleachdadh meadhanan de gach seòrsa gus an iomairt agad a chur fa chomhair an t-sluaigh.